



## Tìotal: Daoine a bhios a’ coimhead às mo dhèidh Pàirt 2: Nuair tha ceist agam no tha iomagain orm

### Ceanglan CfE

Eòlasan/Builean	Slatan-tomhais
Tha fios agam gu bheil daoine nar beatha a tha a’ gabhail cùram dhinn agus a tha a’ coimhead às ar dèidh, agus tha mi mothachail gum faod daoine a bhith fo chùram phàrantan, luchd-cùraim no inbhich eile. HWB 1-45a	<ul style="list-style-type: none"><li>• Ag aithneachadh na tha “cùram” a’ ciallachadh</li><li>• Ag aithneachadh cò na daoine a tha a’ coimhead às an dèidh, a’ coimhead air cùram corporra agus faireachail.</li></ul>

### Amasan Ionnsachaidh

- Gum bi fios aig clann gu bheil inbhich nam beatha a tha a’ gabhail cùram dhaibh agus a’ coimhead às an dèidh
- Gun tuig clann gum faod diofar inbhich a bhith a’ dèanamh seo do chuid de chloinn.
- Gun tuig clann gum faod cùram a bhith corporra agus faireachail

### Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- Tha mi ag aithneachadh cò na h-inbhich nam bheatha a tha gam chuideachadh, a’ gabhail mo chùram agus a’ coimhead às mo dhèidh.
- ‘S urrainn dhomh bruidhinn air mar a bhios inbhich gam chuideachadh agus a’ coimhead às mo dhèidh.
- ‘S urrainn dhomh innse cò thuige a thèid mi le ceist no iomagain.

### Goireasan-taic

- Slaighdean PowerPoint
- **The Huge Bag of Worries** le Virginia Ironside. Gheibh sinn an leabhar seo ann an cruth mòr no mar leabhar didseatach. Mura bheil e sa chlas, ‘s dòcha gum bi e ann an leabharlann na sgoile.

**NOT:** San obair seo bidh a’ chlann a’ smaoinichadh air cò thuige a thèid iad ma tha ceist aca, ma tha dragh orra no ma tha iad fo iomagain. Aig an ìre seo bidh bruidhinn mu fhaireachdainnean ‘s mu dhraghan ga thoirt a-steach. Thathar a’ tòiseachadh air teachdaireachd chunbhalach a chur an cèill tro ionnsachadh RSHP mu *dhòighean siridh taic*. Dhan mhòr-chuid de chlann, bidh inbheach sònraichte, no gu dearbh mòran dhaoine san teaghlach aca, thuig an tèid iad airson cuideachadh no taic. Airson mòran chloinne bidh d’ àite-sa mar thidsear/neach-foghlaim fìor chudromach.

## Obair

1. Tòisich le bhith a' cur nan cuimhne an leasan far an robh a' chlann a' bruidhinn air an t-seòrsa cùraim no cuideachadh a dh'fhaodadh a bhith a dhìth air daoine, agus air cò a bha a' coimhead às an dèidh no a' gabhail an cùram. Ma tha e cuideachail, cleachd feadhainn de na slaighdean airson a dhol thairis a-rithist. Cuimhnich dhan chloinn co dhà a rinn iad na cairtean a rinn iad. Inns dhaibh gum bi sibh a' smaoinichadh, san t-seisean seo, air cò as urrainn an cuideachadh agus taic a thoirt dhaibh ma tha ceist aca, no ma tha iad fo iomagain mu rud.
2. Tòisich le ceist (tha ceistean air na slaighdean): **Ma tha ceist agaibh mu rud cudromach, cò ris a bhios sibh a' bruidhinn?** Tron t-seisean 's dòcha gum mèraich a' chlann còmhla ri caraid rin taobh agus an uair sin còmhla ris a' bhuidheann gu lèir, ma dh'obraicheas seo sa chlas agaibh. Nuair a bhios a' chlann a' toirt seachad freagairt, faighnich dhaibh *carson an neach seo*, airson faighinn a-mach carson a rachadh iad chun an t-seòrsa neach seo, mar eisimpleir, tha iad math air èisteachd, tha iad glic agus eòlach air tòrr, tha iad spòrsail, chuidich iad roimhe seo, tha iad saor ...
3. A bharrachd air ceist a bhith aca leis an cuidich inbheach, 's dòcha gum bi pàiste fo iomagain mu rud 's gum bi iad airson bruidhinn air. Mèraich air na ceistean seo: **Dè na rudan a bhios a' cur iomagain air clann?** Aontaich riutha gum faod na rudan sin iomagain a chur air neach.
4. Agus an uair sin: **Uaireannan bidh iomagain air clann mu rud, ach bidh e doirbh dhaibh innse do chuideigin, carson a tha sibh a' smaoinichadh a bhiodh seo?** Gabh ris na freagairtean gu lèir seach freagairtean 'cearta'.
5. Inns dhan chloinn gum bi sibh a' smaoinichadh an-diugh air nas urrainn do phàiste a dhèanamh ma tha ceist mhòr no iomagain orra 's gun iad cinnteach dè nì iad mu dheidhinn. Seall an leabhar **The Huge Bag of Worries**, agus can gu bheil e mu nighean air a bheil Jenny. Tha iomagain mhòr air Jenny 's chan eil fios aice dè nì i. 'S dòcha gum bi cuid den chloinn eòlach air an leabhar mar-thà – chan ann tric a bhios iad sgìth dheth. Leughaidh an sgeulachd còmhla.
6. Èist ri ciad bheachdan na cloinne, mèraichibh air faireachdainnean Jenny agus air na rinn Gran airson a cuideachadh. Bruidhnibh air mar a bha Jenny a' faireachdainn às dèidh dha seanmhair a cuideachadh a' dèiligeadh ris na bha a' cur dragh orra. Cleachd an slaighd a tha a' sealltainn nam prìomh phuingeann – *Bha grunn rudan aig Jenny a bha a' cur dragh oirre, nach robh? Ach bha i a' faireachdainn tòrr nas fheàrr às dèidh dhi bruidhinn ri Gran. Tha e daonnan math bruidhinn ri cuideigin ma tha iomagain ort. Dh'fhaodadh tu bruidhinn ri cuideigin nad theaghlach. No faodaidh tu bruidhinn riumsa no ri inbheach eile san sgoil.*
7. **Cò ris as urrainn dhomh bruidhinn?** Tha seo a' toirt a-steach a' bheachd a bhith a' cuideachadh clann gus smaoinichadh air 5 inbhich thuig an tèid iad le ceist no dragh. Cleachd an slaighd agus iarr air a' chloinn suidhe socair agus na corrigan aca a chleachdadh airson smaoinichadh air 5 inbhich ris am faodadh iad bruidhinn ma tha ceist aca no iomagain orra aig àm sam bith. Ma tha duine dhen chloinn deònach innse mu na daoine acasan, bhiodh sin math. Mar thidsear/stiùiriche, cuir ùine seachad thairis air na lathaichean a tha romhaibh a' faighneachd cò na h-inbhich a thagh a' chlann.
8. 'S dòcha gun còrd e ris a' chloinn an leabhar a leughadh a-rithist, no 's dòcha gum faod sibh seo a dhèanamh nas fhaide air an latha/air an làrna-mhàireach.

## Ceangal ris an Dachaigh

Tha teacsa an cois obair 1.

**Tha goireasan ionnsachaidh eile rim faighinn co-cheangailte ris na stuthan curraicealaim RSHP seo:**

- Daoine a bhios gam chuideachadh agus a' coimhead às mo dhèidh: Daoine a tha sònraichte dhomh
- Daoine a bhios gam chuideachadh agus a' coimhead às mo dhèidh: Proifeiseantaich

## Notaichean Tidseir

